

Ciamar a sgrìobhas tu aithisg mu dheidhinn deuchainn?

Tìotal

- Feumaidh tiotal na h-aithisg innse dhuinn, ann am beagan fhaclan, dè an seòrsa deuchainn a rinn thu.
- Dèan cinnteach gu bheil seo mòr agus aig mullach na duilleig.

Amas

- Tha seo a' mìneachadh carson a rinn thu an deuchainn.
- Dè bha thu a' feuchainn ri dhèanamh?
- Dè bha thu ag iarraidh ionnsachadh?



Stuthan

- Dèan liosta dhe na stuthan a chleachd thu no dèan diagram.

Dòighean-obrach

- Mìnich, ceum air cheum, mar a rinn thu an deuchainn (cleachd àireamhan 1 2 3 msaa)
- Bu chòir gum bi rud sam bith a rinn thu co-cheangailte ri sàbhailteachd soilleir ann an seo.

Toraidhean

- Bu chòir gum bi toraidhean sam bith air an sealltainn air clàr.
- Bu chòir dha na toraidhean a bhith furasta an leughadh agus sgiobalta.
- Feumaidh tiotal a bhith aig gach sreath no colbh air a' chlàr agad.
- Faodaidh tu sgrìobhadh mu na nithean a chunnaic thu fhèin a' tachairt.
- Ma tha e iomchaidh, dèan graf a' cleachdadh ruilear. (Ainmnich na h-axes.)



Co-dhùnadh

- Dè dh'ionnsaich thu?
- A bheil dòigh sam bith ann air an deuchainn a dhèanamh nas fhèarr?
- Mìnich mearachdan sam bith (Carson a chaidh cùisean cearr?)
- Sgrìobh seo ann an earrann le seantansan slàn.

NA CLEACHD “mise, thusa, sinn, mo charaid”